

# Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn?

A' chiad fhoillseachadh

## A' COIMHEAD

### A-STAIGH:

a' fàs eòlach  
oirnn fhìn tro  
luachadh  
èifeachdach



## A' COIMHEAD AIR ADHART:

a' cnuasachadh dè bhios an  
dàn do luchd-ionnsachaidh  
an latha an-diugh agus mar  
a ruigeas iad ann

## A' COIMHEAD A-MACH:

ag ionnsachadh o na tha  
a' tachairt ann an àitichean eile airson  
dùbhlàn a thoirt dha ar  
smaoineachadh-ne

# Susbaint

Ro-ràdh an àrd-oifigeir ghnìomha .....	1
Cùlaibh.....	2
Co-theacsa.....	2
Cearcall buadhach an leasachaidh .....	3
Am frèam-obrach.....	4
Na h-ùrlaran .....	7
Ceannardas is cultar de chàileachd .....	7
Lìbhrigeadh ionnsachaidh is sheirbheisean airson taic a chumail ri ionnsachadh .....	9
Builean is buaidh .....	11
Earrann 1.....	12
Ceannardas is cultar de chàileachd .....	12
Earrann 2.....	17
Lìbhrigeadh ionnsachaidh is sheirbheisean airson taic a chumail ri ionnsachadh .....	17
Earrann 3.....	23
Builean is buaidh .....	23
BONN-NÒTA .....	25
Earrann 5.....	26
Briathrachan nam faclan .....	28

---

## Ro-ràdh

Tha e a' toirt toileachas mòr dhomh *Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn?* a thoirt dhuibh, am frèam-obrach càileachd ùr againn airson colaistean ann an Alba. Tha mi dhen bheachd gur e frèam-obrach ùr-ghnàthach a tha seo a tha a' coimhead ris an àm ri teachd agus a' togail air a' bhunait làidir a stèidhich colaistean na h-Alba thairis air iomadh bliadhna a thaobh leasachadh de dhòighean càileachd inntearnail a tha glè èifeachdach. Tha am frèam-obrach ùr cuideachd a' gabhail ealla ris an atharrachadh mhòr a thàinig air raon nan colaistean sna ceithir bliadhna seo chaidh agus a' freagairt ris agus a' toirt fa-near an riochd a tha aig na h-aontan bhuilean roinneil aig Comhairle-maoineachadh na h-Alba. Tha e ag aideachadh is a' brosnachadh na tha colaistean fa leth, agus an raon gu h-iomlan, a' dèanamh a thaobh leasachadh dòigh a bhios iomchaidh dhan t-saoghal ùr seo.

Thàinig am frèam-obrach seo ri chèile mar thoradh air co-obrachadh glè shoirbheachail eadar Foghlam Alba, na colaistean, Comhairle-maoineachadh na h-Alba agus prìomh-luchd-ùidhe na roinne. Tha e na amas dha na barantas a chaidh iarraidh sa ghnìomhachd luachaidh aig Foghlam Alba agus aontan bhuilean roinneil aig Comhairle-maoineachadh na h-Alba fhilleadh ri chèile. Tha e ag iarraidh air na colaistean cothromas a bhrosnachadh, a dhèanamh cinnteach gum bi sàr-chothrom soirbheis aig a h-uile neach-ionnsachaidh.

Tha *Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn?* ag aithneachadh is a' leudachadh a' chom-pàirteachais mhòir a rinn na colaistean leis a' phrìomh-luchd-ùidhe mar-thà. Tha seo a' gabhail a-staigh co-obrachadh le sgoiltean is fastaichean a leasachadh is a libhrigeadh ionnsachadh a choileanas na feumalachdan aig raon farsaing de luchd-ionnsachaidh, gnìomhachais, coimhearsnachdan is buidhnean foghlaim àrd-ìre. Tha e ag iarraidh air na colaistean co-obrachadh dlùth a dhèanamh le com-pàirtichean ionadail, roinneil is nàiseanta ann an luachadh càileachd an t-solair is nam builean aca is airson dreuchd gnìomhach a thoirt dhaibh ann an luachadh is planadh leasachaidh. Tha an structar is an stoidhle aig *Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn?* a' dol glè mhath leis na frèaman-obrach càileachd eile againn, gu sònraichte *Dè cho math 's a tha an sgoil againn? an 4mh tionndadh*, air an deach lèirmheas a dhèanamh o chionn goirid. Leis gu bheil iad a' dol le chèile gu math, bidh e nas fhasa do cholaistean obrachadh le com-pàirtichean sgoile airson luachadh is planadh airson àrainneachd is tar-ghluasad nas fheàrr a dhèanamh sna h-ìrean as àirde, a' cur cuideam air sàr-leasachadh sgilean an luchd-ionnsachaidh mu choinneamh ionnsachaidh, beatha agus obair, stiùireadh dhreuchdan is greisean-gnìomhachais. Nì e luachadh air ceannardas aig gach ìre agus càileachd an ionnsachaidh is an teagaisg. Tha com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh, dealbhadh a' chlàir-theagaisg agus taic dhan luchd-ionnsachaidh nam prìomh-chuspairean air fheadh.

Nochdaidh am frèam-obrach air an Làr-ionad Leasachaidh Nàiseanta aig Foghlam Alba, a dh'aithghearr agus sin còmhla an t-eòlas mòr againne air frèaman-obrach fèin-luachaidh agus goireas digiteach co-chrochte a bhios a' neartachadh com-pàirteachas obrachaidh am broinn agus air feadh nan roinnean.

Seo frèam-obrach càileachd a choimheadas air adhart gun teagamh. Ma thèid a chur gu deagh fheum, tha mi làn-earbsach gun cuidich e na colaistean is iad airson an obair ro-chudromach aca a choileanadh, a' daingneachadh sàr-mhaitheas is cothromas do gach neach-ionnsachaidh Albannach chun na h-ìre as fhaide.



Dr Bill Maxwell  
Chief Executive, Education Scotland

## Cùlaibh

Tha am frèam-obrach càileachd ùr, *Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn?* air a dhealbhadh airson taic a chumail ri colaistean agus comas a thoirt dhaibh càileachd an t-solair is nan seirbheisean a luachadh ri taobh aithisgean air adhartas mu choinneamh nan aontan air builean. Tha am frèam-obrach seo a' dol le sreath de dh'fhrèaman-obrach càileachd eile aig Foghlam Alba a chumas taic ri luchd-ùidhe air an taobh a-muigh is iad a' dèanamh lèirmheas is leasachadh air càileachd an t-solair is nan seirbheisean còmhla ris na colaistean. A bharrachd air sin, thathar airson barrachd co-obrachaidh eadar na colaistean is solaraichean foghlaim eile a bhrosnachadh airson sàr-dhòighean a leigeil ris is an co-roinneadh air feadh nan roinnean. Cuiridh seo ris an stòras nàiseanta de ghoireasan slighe an Làr-ionaid Leasachaidh Nàiseanta aig Foghlam Alba.


## Co-theacsa

Chaidh *Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn?* a leasachadh le Foghlam Alba agus Comhairle-maoineachadh na h-Alba aig deireadh cearcall ceithir bliadhna de rianan air an taobh a-muigh airson lèirmheas nan colaistean. Rè na h-ùine seo, thàinig cruth-atharrachadh mòr air raon nan colaistean agus dh'atharraich sin na rianan airson planadh is stiùireadh libhrigeadh an ionnsachaidh gu mòr. Tha seo a' gabhail a-staigh stèidheachadh de cholaistean mòra ùra ioma-àrainneach, toirt a-steach ìre as àirde a' *Churraicealaim airson Sàr-mhaitheis* agus cur an sàs rian *Leasachadh an Luchd-obrach Òg (DYW)*. Agus tha e cudromach cuimhneachadh gum b' e ùine de chuingead ionmhais a bh' againn agus gu bheil coltas gum mair seo sna bliadhnaichean seo romhainn.

Chaidh *Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn?*, còmhla ri [Rianan airson daingneachadh is leasachadh càileachd an t-solair is nan seirbheisean ann an colaistean na h-Alba](#) a dhealbhadh ann an làn-aire dha na h-atharraichean agus prìomhachasan làithreach an riaghaltais is feadhainn ri tighinn. Tha am frèam-obrach airson taic a chumail ri colaistean is iad a' brosnachadh co-obrachadh leis an luchd-obrach, an luchd-ionnsachaidh agus prìomh chom-pàirtichean airson càileachd an t-solair is nan seirbheisean a shìor-leasachadh.

# Cearcall buadhach an leasachaidh

Tha dreuchd ro-chudromach aig colaistean ann an soirbheas eaconamach is sòisealta na h-Alba. Tha iad a' frithealadh raon farsaing is iomadach de luchd-ionnsachaidh agus luchd-ùidhe mar fhastaichean, roinnean gnìomhachais is coimhearsnachdan. Tha *Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn* ag iarraidh air colaistean smaointean adhartach a dhèanamh air chor 's gum faod iad rùrachadh agus ro-aithneachadh nam prìomhachasan a tha ùr agus a tha a' tighinn gu bith agus, a' tarraing air seo, gu bhith a' planadh solar is seirbheisean an ama ri teachd.



Tha cearcall buadhach an leasachaidh aig Foghlam Alba iomchaidh do gach raon foghlaim ann an Alba. Tha e a' sealltainn nam prìomh-fheartan aig fèin-leasachadh a tha stèidhichte air fianais aig ìre a' bhuidhinn agus air feadh siostaim. Seallaidh e mar is urrainn do cheannardan cumhachd a thoirt do luchd-cleachdaidh brìgh a thoirt à co-amasan nàiseanta, mar phrionnsabalan a' *Churraicealaim airson Sàr-mhaitheis* agus amasan *DYW*, agus an cur an sàs gu h-ionadail mar is fheàrr a fhreagrais air an t-suidheachadh. Chaidh a dhealbhadh gus cobhair a thoirt do luchd-cleachdaidh luachadh air an taobh a-staigh is a-muigh 's a tha stèidhichte air fianais a chur gu feum ann an sìor-leasachadh.



## Am frèam-obrach

Tha *Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn?* a' toirt structar airson luachadh is leasachadh do cholaistean is an luchd-ùidhe aca leis an urrainn dhaibh fiosrachadh na tha ag obair gu math agus na tha feumach air leasachadh. Chaidh a dhealbhadh gus taic a chur ri luachadh co-obrachail gach cuid am broinn buidhinn agus le luchd-ùidhe air an taobh a-muigh a bhios a' cur ri àrainneachd an fhoghlaim.

Leis gu bheil am frèam-obrach a' dol gu math le frèaman-obrach càileachd eile aig Foghlam Alba agus [Frèam-obrach Com-pàirteachadh Oileanaich na h-Alba](#), thathar am beachd gun cuidich e com-pàirtichean foghlaim gu bhith a' cur gu tairbheach ri gnìomhachdan luachaidh agus gum bi meas aig na colaistean air neo-chlaonachd nan com-pàirtichean on taobh a-muigh gus leasachadh a bhrosnachadh.

Tha e stèidhichte air ceithir prionnsabalan àrd-ìre.

'S iad:

- ceannardas is cultar de chàileachd;
- libhrigeadh ionnsachaidh is sheirbheisean airson taic a chumail ri ionnsachadh;
- builean is buaidh; agus
- comas leasachaidh.

Tha ceist dùbhlain agus taisbeanan càileachd aig bonn gach prìomh-phrionnsabal mar a leanas:

## Ceannardas is cultar de chàileachd

- *Dè cho math 's a tha an ceannardas is dòigh-dhèiligidh againn mu choinneamh leasachaidh?*
  - 1.1 Riaghlachas agus ceannardas atharrachaidh
  - 1.2 Ceannardas ionnsachaidh is teagaisg
  - 1.3 Ceannardas sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh
  - 1.4 Luachadh a tha ag adhbharachadh leasachaidh

## Ìbhrigeadh ionnsachaidh is sheirbheisean gus taic a chumail ri ionnsachadh

- *Dè cho mhath 's a tha an solar is na seirbheisean a tha sinn a' libhrigeadh?*
  - 2.1 Barantachadh is dìon cloinne
  - 2.2 An clàr-teagaisg
  - 2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh
  - 2.4 Seirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh
  - 2.5 Eadar-ghluasadan
  - 2.6 Com-pàirteachasan

## Builean is buaidh

- *Dè cho math 's a tha sinn a' cinnteachadh nam builean as fheàrr a dh'fhaodadh a bhith aig an luchd-ionnsachaidh air fad againn?*
  - 3.1 Math, co-ionannachd is ion-ghabhaltas
  - 3.2 Cothromas, buileachadh is coileanadh de gach neach-ionnsachaidh

## Comas leasachaidh

- *Dè an comas leasachaidh againn?*

Na toraidhean ri bhith air an tarraing às na trì prionnsabalan àrd-ìre eile.

Tha an diagram gu h-ìosal a' sealltainn an ceangal eadar na trì prionnsabalan àrd-ìre agus mar a chuireas iad ri **comas leasachaidh**.



Tha *Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn?* air a dhealbhadh a chum cleachdadh le gach ball de luchd-obrach na colaiste.

Nì na colaistean luachadh air càileachd an t-solair is nan seirbheisean aca a' cleachdadh an 12 thaisbeanair càileachd airson **aithisg luachaidh** is **planadh leasachaidh** bhliadhnail a chruthachadh is a chur gu Foghlam Alba is Comhairle-maoinachadh na h-Alba airson aonta neo-eisimeileach.

## DÈ CHO MATH 'S A THA A' CHOLAISTE AGAINN?

### Taisbeanair nan càileachd na colaiste A' chiad fhoillseachadh

Dè an comas leasachaidh againn?		
Ceannardas is cultar de chàileachd	Libhrigeadh ionnsachaidh is sheirbheisean gus taic a chumail ri ionnsachadh	Builean is buaidh
Dè cho math 's a tha an ceannardas is dòigh-dhèiligidh againn mu choinneamh leasachaidh?	Dè cho mhath 's a tha an solar is na seirbheisean a tha sinn a' libhrigeadh?	Dè cho math 's a tha sinn a' cinnteachadh nam builean as fheàrr a dh'fhaodadh a bhith aig an luchd-ionnsachaidh air fad againn?
1.1 Riaghlachas agus ceannardas atharrachaidh 1.2 Ceannardas ionnsachaidh is teagaisg 1.3 Ceannardas sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh 1.4 Luachadh a tha ag adhbharachadh leasachaidh	2.1 Barantachadh is dìon cloinne 2.2 An clàr-teagaisg 2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh 2.4 Seirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh 2.5 Eadar-ghluasadan 2.6 Com-pàirteachasan	3.1 Math, co-ionannachd is ion-ghabhaltas 3.2 Cothromas, buileachadh is coileanadh do gach neach-ionnsachaidh



## Na h-ùrlaran

Tha luachadh èifeachdach agus “a’ coimhead a-staigh” a’ ciallachadh sùil gheur a thoirt air dè cho math ’s a tha rudan sònraichte sa cholaiste ag obair. Tha na h-ùrlaran am broinn gach aon dhe na taisbeanair cànail a’ cur taic ris na gnìomhachdan seo.

Ceannardas is cultar de chàileachd			
Dè cho math ’s a tha an ceannardas is dòigh-dhèiligidh againn mu choinneamh leasachaidh?			
Taisbeanair cànail	Ùrlaran	Ceanglaichean cuspair ri pròiseas is ceuman aonta bhuilean (OA)	Frèam-obrach com-pàirteachadh oileanach airson Alba
1.1 Riaghlachas agus ceannardas atharrachaidh	<ul style="list-style-type: none"><li>• Riaghlachas is ceannardas</li><li>• A’ dealbhadh co-lèirsinn, co-luachan is co-amasan</li><li>• A’ planadh airson sìor-leasachadh</li></ul>		Prìomh-eileamaid(ean)

<p>1.2 Ceannardas ionnsachaidh is teagaisg</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ceannardas airson leasachadh ionnsachaidh is teagaisg</li> <li>• Ceannardas an luchd-obrach</li> <li>• Ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd (CLPL)</li> <li>• Ceannardan aig ceann an ionnsachaidh</li> </ul>	<p>Fèin-luachadh aonta bhuilean</p> <p>Ceuman na colaiste</p> <p>Aithris a' cho-theacsa ionadail / pròiseas OA</p>	<p>Prìomh-eileamaid(ean)</p>
<p>1.3 Ceannardas sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ceannardas airson leasachadh sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh</li> <li>• Ceannardas an luchd-obrach</li> <li>• Cunntas air na feumalachdan aig luchd-ionnsachaidh an-dràsta is ri teachd</li> <li>• CLPL</li> <li>• Com-pàirteachasan le buidhnean eile</li> </ul>	<p>Suirbhidh SSSE – riarachas an luchd-ionnsachaidh</p>	<p>Prìomh-eileamaid(ean)</p>
<p>1.4 Luachadh a tha ag adhbharachadh leasachaidh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Anailis is luachadh</li> <li>• Dòighean co-obrachail air luachadh is co-roinneadh dàta</li> <li>• Buaidh air soirbheas is coileanadh an luchd-ionnsachaidh</li> </ul>	<p>Fèin-luachadh OA</p> <p>Air a dheasbad le pròiseas OA</p>	<p>Prìomheileamaid(ean)</p>

Libhrigeadh ionnsachaidh is sheirbheisean gus taic a chumail ri ionnsachadh

Dè cho mhath 's a tha an solar is na seirbheisean a tha sinn a' libhrigeadh?

Taisbeanair càileachd	Ùrlaran	Ceanglaichean cuspair ri pròiseas is ceuman aonta bhuilean (OA)	Frèam-obrach com-pàirteachadh oileanach airson Alba
2.1 Barantachadh is dìon cloinne	<ul style="list-style-type: none"> <li>Rianan airson barantachadh is dìon cloinne</li> </ul>	Aithris a' cho-theacsa ionadail agus ro-innleachd intrigidh is ion-ghabhaltais	
2.2 An clàr-teagaisg	<ul style="list-style-type: none"> <li>Adhbharan, dealbhadh is leasachadh</li> <li>Èifeachdas is iomchaidheachd a' chlàir-theagaisg</li> <li>Sgilean ionnsachaidh, beatha 's obrach</li> <li>Slighean ionnsachaidh</li> </ul>	<p>Luchd-ionnsachaidh a thog eòlas rè greis-gnìomhachais</p> <p>Luchd-ionnsachaidh a' dol air adhart gu obair, trèanadh no barrachd foghlaim</p> <p>Luchd-ionnsachaidh a' nasgadh chùrsaichean aig àrd-ìre</p>	Prìomheileamaid(ean)
2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ionnsachadh is com-pàirteachadh</li> <li>Teagasg</li> <li>Measadh</li> <li>Luachadh na h-àrainneachd ionnsachaidh</li> </ul>	<p>Com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh le OA agus pròiseasan càileachd</p> <p>Dreuchd buidheann nan oileanach</p>	Prìomheileamaid(ean)

<p>2.4 Seirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Stiùireadh sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh</li> <li>• Seirbheisean a chuireas ri coileanadh, buileachadh is adhartas</li> <li>• Seirbheisean a chuireas ri adhartas a dh'ionnsaigh deagh cheann-uidhe</li> </ul>	<p>Dreuchd buidheann nan oileanach</p> <p>Coileanadh soirbheachail san fharsaingeachd agus de SIMD10 is luchd-ionnsachaidh aig an ìre as àirde</p> <p>Luchd-ionnsachaidh a thog eòlas rè greis-gnìomhachais</p>	<p>Prìomheileamaid(ean)</p>
<p>2.5 Eadar-ghluasadan</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Planadh is lìbhrigeadh co-obrachail</li> <li>• Rianan a chumas taic ri luchd-ionnsachaidh</li> </ul>	<p>Aithris a' cho-theacsa ionadail agus am broinn susbaint/pròiseas an OA</p>	<p>Prìomheileamaid(ean)</p>
<p>2.6 Com-pàirteachasan</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Rianan co-obrachail</li> <li>• Freagairteachd do dh'fheumalachdan an luchd-ùidhe air an taobh a-muigh</li> </ul>	<p>Aithris a' cho-theacsa ionadail <input type="checkbox"/> am broinn susbaint/pròiseas an OA</p> <p>Lìbhrigeadh do luchd-ionnsachaidh ceàird aig an ìre as àirde, luchd-ionnsachaidh colaiste o sgoiltean, luchd-ionnsachaidh o sgoiltean SHEP</p> <p>Lìbhrigeadh phreantasachdan</p> <p>Luchd-ionnsachaidh a thog eòlas rè greis-gnìomhachais</p>	

## Builean is buaidh

Dè cho math 's a tha sinn a' cinnteachadh nam builean as fheàrr dhan luchd-ionnsachaidh air fad againn?

Taisbeanair càileachd	Ùrlaran	Ceanglaichean cuspair ri pròiseas is ceuman aonta bhuilean (OA)	Frèam-obrach com-pàirteachadh oileanach airson Alba
3.1 Math, co-ionannachd is ion-ghabhaltas	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dleastanasan reachdail</li> <li>• Ion-ghabhaltas agus co-ionannachd</li> </ul>	Creideas an libhrigeadh san fharsaingeachd agus dha 16-19, 20-24, SIMD 10, buidhnean fo dhìon agus luchd-ionnsachaidh a bha ann an cùram	Prìomheileamaid(ean)
3.2 Cothromas, buileachadh is coileanadh do gach neach-ionnsachaidh	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Soirbheas luchd-ionnsachaidh thar ùine</li> <li>• Sgilean riatanach, a' gabhail a-staigh sgilean beatha 's obrach</li> <li>• Cothromas dhan luchd-ionnsachaidh</li> </ul>	Coileanadh soirbheachail san fharsaingeachd agus de SIMD10 is luchd-ionnsachaidh aig an ìre as àirde	

# Earrann 1

## Ceannardas is cultar de chàileachd

### **DÈ CHO MATH 'S A THA AN CEANNARDAS IS DÒIGH-DHÈILIGIDH AGAINN MU CHOINNEAMH LEASACHAIDH?**

- 1.1 Riaghlachas agus ceannardas atharrachaidh
- 1.2 Ceannardas ionnsachaidh is teagaisg
- 1.3 Ceannardas sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh
- 1.4 Luachadh a tha ag adhbharachadh leasachaidh

<p><b>Ùrlaran:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Riaghlachas is ceannardas</b></li> <li>• <b>A' dealbhadh co-lèirsinn, co-luachan is co-amasan</b></li> <li>• <b>A' planadh airson sìor-leasachadh</b></li> </ul>		<p>Tha an taisbeanair seo a' cur fòcas air ceannardas co-obrachail aig gach ìre airson co-lèirsinn atharrachaidh agus leasachaidh a bhrosnachadh. Tha e a' beachdachadh air an dòigh air am freagair a' cholaiste ri buaidhean na broinn agus on taobh a-muigh. Tha seo a' gabhail a-staigh Earrann B mu dhèidhinn <i>Càileachd Àrainneachd nan Oileanach ann an Còd an Deagh-riaghlachais airson Colaistean na h-Alba agus Frèam-obrach airson Comainn Oileanaich Cholaistean Làidir is Èifeachdach a Leasachadh</i>. Bu chòir do phlanadh airson sìor-leasachadh a bhith stèidhichte air fianais agus co-cheangailte ri fèin-luachadh èifeachdach. Bu chòir dha na ceannardan dèanamh cinnteach gun tuigear carson a tha feum air atharrachadh agus gu bheil astar an atharrachaidh iomchaidh airson dèanamh cinnteach gum faigh an luchd-ionnsachaidh a dheagh-bhuil.</p>
<p><b>Earrann 1: Ceannardas is cultar de chàileachd</b></p>	<p><b>Ùrlaran</b></p>	<p><b>Ceistean dùbhlain</b></p>
<p><b>1.1 Riaghlachas agus ceannardas atharrachaidh</b></p>	<p>Riaghlachas is ceannardas</p> <p>A' dealbhadh co-lèirsinn, co-luachan is co-amasan</p> <p>A' planadh airson sìor-leasachadh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè cho math 's a tha bòrd na colaiste a' toirt taic ro-innleachdail agus a' toirt dùbhlain airson solar àrd-chàileachd agus sìor-leasachadh a chinnteachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha bòrd na colaiste a' dèanamh ann a bhith ga chinnteachadh fhèin gu bheil na h-aithisgean luachaidh agus leasachaidh ceart agus cothromach?</li> <li>• Dè cho math 's a tha bòrd na colaiste a' dol an com-pàirt an luchd-obrach, comann nan oileanach agus an luchd-ùidhe airson piseach a chur air coileanadh an luchd-ionnsachaidh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha manaidsearan na colaiste a' dol an com-pàirt an luchd-obrach is comann nan oileanach ann an sìor-leasachadh lèirsinn, amasan is luachan na colaiste?</li> <li>• Dè cho math 's a tha manaidsearan na colaiste a' freagairt ri prìomhachasan ionadail, roinneil is nàiseanta nuair a dhealbas iad ro-innleachdan na colaiste?</li> <li>• Dè an ìre aig a bheil an luchd-obrach agus comann nan oileanach an sàs ann an atharrachadh is planadh an t-sìor-leasachaidh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha a' cholaiste a' cur gu feum iomadachd guthan an luchd-ionnsachaidh ann am planadh an t-sìor-leasachaidh?</li> </ul>

<p><b>Ùrlaran:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ceannardas ionnsachaidh is teagaisg</li> <li>• Ceannardas an luchd-obrach</li> <li>• Ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd</li> <li>• Ceannardan aig ceann an ionnsachaidh</li> </ul>		<p>Tha an taisbeanair seo co-cheangailte ri ceannardas airson leasachadh an ionnsachaidh is teagaisg. Tha e a' comharradh dè cho cudromach 's a tha dealas proifeiseanta do leasachadh eòlas-teagaisg tro dhiofar dòighean-dèiligidh do CLPL, a' gabhail a-staigh obair cholaisteach. Tha e a' cur fòcas air ceannardas a bheir piseach air an àrainneachd ionnsachaidh agus builean dhan luchd-ionnsachaidh le bhith a' toirt comas dhaibh a bhith aig ceann an ionnsachaidh aca fhèin. Tha e a' comharradh dè cho cudromach 's a tha com-pàirteachadh èifeachdach le comann nan oileanach (far a bheil sin iomchaidh) agus riochdairean an luchd-ionnsachaidh.</p>
<p><b>Earrann 1: Ceannardas is cultar de chàileachd</b></p>	<p><b>Ùrlaran</b></p>	<p><b>Ceistean dùbhlain</b></p>
<p><b>1.2 Ceannardas ionnsachaidh is teagaisg</b></p>	<p>Ceannardas airson leasachadh ionnsachaidh is teagaisg</p> <p>Ceannardas an luchd-obrach</p> <p>Ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd (CLPL)</p> <p>Ceannardan aig ceann an ionnsachaidh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha na ro-innleachdan airson leasachadh an ionnsachaidh is teagaisg? Dè cho math 's a tha an dòigh air a bheilear ag innse mun dèidhinn dhan luchd-obrach agus dè cho math 's a tha an cuid tuigse orra?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha am planadh airson libhrigeadh de sholar ionnsachadh àrd-chàileachd?</li> <li>• Dè cho math 's a tha sgilean conaltraidh nam manaidsearan agus an co-obrachadh a nì iad airson leasachadh a thoirt gu buil?</li> <li>• Dè cho math 's a tha na manaidsearan a' toirt ceannardas èifeachdach dhan luchd-obrach airson ionnsachadh is teagasg a leasachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha na rianan CLPL a' cur taic ri sgiobannan a' chlàir-theagaisg is buill fa leth an luchd-obrach airson ionnsachadh is teagasg a leasachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha na manaidsearan a' toirt com-pàirt dhan luchd-obrach, luchd-ionnsachaidh is luchd-ùidhe, a' gabhail a-staigh riochdairean luchd-ionnsachaidh is fhastaichean, airson buaidh a thoirt air ro-innleachdan leasachadh ionnsachaidh is teagaisg?</li> </ul>



<p><b>Ùrlaran:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Ceannardas sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh</b></li> <li>• <b>Ceannardas an luchd-obrach</b></li> <li>• <b>Cunntas air na feumalachdan aig luchd-ionnsachaidh an-dràsta is ri teachd</b></li> <li>• <b>Rianan inntearnail airson lìbhrigeadh sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh</b></li> <li>• <b>Ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd (CLPL)</b></li> <li>• <b>Com-pàirteachasan le buidhnean eile</b></li> </ul>	<p>Tha an taisbeanair seo a' cur fòcas air ceannardas sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh. Tha e ag aideachadh dè cho cudromach 's a tha planadh agus solar èifeachdach de sheirbheisean taice. Tha e a' comharradh dè cho cudromach 's a tha co-obrachadh sgiobannan a' clàir-theagaisg is na taice. Tha e ag aideachadh gu bheil feum air com-pàirteachasan obrach gnàthaichte le luchd-ùidhe air an taobh a-muigh a chuireas ris an leasachadh. Tha e a' comharradh dè cho cudromach 's a tha com-pàirteachadh èifeachdach le comann nan oileanach agus riochdairean an luchd-ionnsachaidh.</p>	
<p><b>Earrann 1: Ceannardas is cultar de chàileachd</b></p>	<p><b>Ùrlaran</b></p>	<p><b>Ceistean dùbhlain</b></p>
<p><b>1.3 Ceannardas sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh</b></p>	<p>Ceannardas airson leasachadh sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh</p> <p>Ceannardas an luchd-obrach</p> <p>Cunntas air feumalachdan an luchd-ionnsachaidh an-dràsta is ri teachd</p> <p>Rianan inntearnail airson libhrigeadh sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh</p> <p>CLPL</p> <p>Com-pàirteachasan le buidhnean eile</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha na ro-innleachdan airson leasachadh sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh? Dè cho math 's a tha an dòigh air a bheilear ag innse mun dèidhinn dhan luchd-obrach agus dè cho math 's a tha an cuid tuigse orra?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha am planadh airson libhrigeadh de sheirbheisean àrd-chàileachd a chumas taic ri ionnsachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha sgilean conaltraidh nam manaidsearan agus an co-obrachadh a nì iad airson leasachadh a thoirt gu buil?</li> <li>• Dè cho math 's a tha na manaidsearan a' toirt ceannardas èifeachdach dhan luchd-obrach airson libhrigeadh sheirbheisean a leasachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha na manaidsearan a' toirt fa-near na feumalachdan aig an luchd-ionnsachaidh an-dràsta is ri teachd airson seirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh a phlanadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha na manaidsearan a' chlàir-theagaisg is na seirbheisean taice a' planadh is a' libhrigeadh sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh còmhla?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha na rianan CLPL a' cur taic ri luchd-obrach ann an leasachadh sgilean agus na rianan airson feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad a choileanadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha na manaidsearan a' cur taic is com-pàirt do riochdairean an luchd-ionnsachaidh airson seirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh a leasachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha na manaidsearan a' toirt com-pàirt do luchd-ùidhe air an taobh a-muigh airson seirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh a phlanadh is lèirmheas a dhèanamh orra?</li> </ul>

<p><b>Ùrlaran:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Anailis is luachadh</b></li> <li>• <b>Dòighean co-obrachail air luachadh is co-roinneadh dàta</b></li> <li>• <b>Buaidh air soirbheas is coileanadh an luchd-ionnsachaidh</b></li> </ul>		<p>Tha an taisbeanair seo a' cur fòcas air èifeachdachd a' cheannardais sna rianan luachaidh agus mar a tha iad a' toirt leasachadh gu buil. Tha e a' comharradh dè cho cudromach 's a tha obrachadh com-pàirteachais. Tha e a' cur an ìre gu bheil feum air ceannardas làidir is anailis chruaidh de dh'aisnis is dàta mar phàirtean riatanach de shìor fhèin-leasachadh èifeachdach.</p>
<p><b>Earrann 1: Ceannardas is cultar de chàileachd</b></p>	<p><b>Ùrlaran</b></p>	<p><b>Ceistean dùbhlain</b></p>
<p><b>1.4 Luachadh a tha ag adhbharachadh leasachaidh</b></p>	<p>Anailis is luachadh</p> <p>Dòighean co-obrachail air luachadh is co-roinneadh dàta</p> <p>Buaidh air soirbheas is coileanadh an luchd-ionnsachaidh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè cho math 's a tha na manaidsearan a' dol an com-pàirteachadh riochdairean luchd-ionnsachaidh ann an luachadh phrògraman is solair airson buaidh a thoirt is taic a chumail ri leasachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha na manaidsearan aig ceann luachadh an t-solair is nan seirbheisean?</li> <li>• Dè an ìre chun a bheil a' ghnìomhachd luachaidh ag adhbharachadh builean nas fheàrr dhan luchd-ionnsachaidh?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha na manaidsearan a' cumail com-pàirteachasan ro-innleachdail soirbheachail a chuireas ris an luachadh is a dh'adhbharaicheas leasachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha na manaidsearan a' cleachdadh seann-bhuilean, builean làithreach is builean ro-innseach an luchd-ionnsachaidh airson leasachadh a phlanadh?</li> </ul>

# Earrann 2

Lìbhrigeadh ionnsachaidh is sheirbheisean gus taic a chumail ri ionnsachadh

**DÈ CHO MHATH 'S A THA AN SOLAR IS NA SEIRBHEISEAN A THA SINN A' LÌBHRIGEADH?**

- 2.1 Barantachadh is dìon cloinne
- 2.2 An clàr-teagaisg
- 2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh
- 2.4 Seirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh
- 2.5 Eadar-ghluasadan
- 2.6 Com-pàirteachasan

<b>Ùrlaran:</b>  • Rianan airson barantachadh is dìon cloinne		Tha an taisbeanair seo a' cur fòcas air dleastanasan laghail nan colaistean agus an t-uallach a th' orra a thaobh barantachadh is dìon cloinne. Tha e a' sgrùdadh dè cho math 's a tha an tuigse air na rianan seo, mar a thathar gan conaltradh, gan cur an sàs agus a' dèanamh lèirmheas orra, a' gabhail a-staigh na chuireas an luchd-ionnsachaidh ris.
<b>Earrann 2: Lìbhrigeadh ionnsachaidh is sheirbheisean gus taic a chumail ri ionnsachadh</b>	<b>Ùrlaran</b>	<b>Ceistean dùbhlain</b>
2.1 Barantachadh is dìon cloinne	Rianan airson barantachadh is dìon cloinne	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè cho math 's a tha a' cholaiste a' gèilleadh ri riaghailtean is laghan nàiseanta?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an tuigse air rianan airson barantachadh is dìon cloinne am measg an luchd-obrach is prìomh luchd-ùidhe?</li> <li>• Dè an ìre aig a bheil rianan airson barantachadh is dìon cloinne, dè cho math 's a thathar gan conaltradh, gan cur an sàs is gan lèirmheasadh chun luchd-obrach is a' phrìomh luchd-ùidhe, a' gabhail a-staigh an luchd-ionnsachaidh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-obrach a' gabhail a-staigh beachdan is eòlas an luchd-ionnsachaidh ann an leasachadh is dìon rianan airson barantachadh is dìon cloinne?</li> </ul>

<p><b>Ùrlaran:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Adhbharan, dealbhadh is leasachadh a' chlàir-theagaisg</b></li> <li>• <b>Èifeachdas is iomchaidheachd a' chlàir-theagaisg</b></li> <li>• <b>Sgilean ionnsachaidh ag obair 's beatha</b></li> <li>• <b>Slighean ionnsachaidh</b></li> </ul>	<p>Tha an taisbeanair seo co-cheangailte ris a' chlàr-teagaisg a libhrigeas na colaistean. Tha e a' sgrùdadh mar a tha an clàr-teagaisg a' gabhail a-staigh dràibhear ro-innleachdail airson feumalachdan gach neach-ionnsachaidh is an luchd-ùidhe, a' gabhail a-staigh fhastaichean, a choileanadh. Tha e a' sgrùdadh mar a tha sgiobannan a' chlàir-theagaisg ag obair còmhla, a' brosnachadh cothromas agus a' leasachadh deagh bheachdan mu ionnsachadh. Tha e a' cnuasachadh dè cho math 's a tha sgilean ionnsachaidh, beatha 's obrach air am planadh is air an libhrigeadh air feadh nam prògraman ionnsachaidh. Tha e a' sgrùdadh solar nan slighean adhartais am broinn is an dèidh na colaiste am measg gach prògram.</p>	
<p><b>Earrann 2: Libhrigeadh ionnsachaidh is sheirbheisean gus taic a chumail ri ionnsachadh</b></p>	<p><b>Ùrlaran</b></p>	<p><b>Ceistean dùbhlain</b></p>
<p><b>2.2 An clàr-teagaisg</b></p>	<p>Adhbharan, dealbhadh is leasachadh</p> <p>Èifeachdas is iomchaidheachd a' chlàir-theagaisg</p> <p>Sgilean ionnsachaidh, beatha 's obrach</p> <p>Slighean ionnsachaidh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè an ìre chun a bheil an luchd-obrach a' toirt feart do phoileasaidhean ionadail is nàiseanta agus prìomh dhraibhear ro-innleachdail, a' gabhail a-staigh Fiosrachadh air Margaid na h-Obrach (LMI) nuair a dhealbhas iad clàr-teagaisg?</li> <li>• Dè cho math 's a tha sgiobannan nan clàran-teagaisg a' cur an sàs prìomhachasan a' chlàir-theagaisg?</li> <li>• Dè cho math 's a tha sgiobannan nan clàran-teagaisg a' cruinneachadh is a' cleachdadh beachdan luchd-ùidhe on taobh a-muigh ann an leasachadh a' chlàir-theagaisg?</li> <li>• Dè cho math 's a tha sgiobannan nan clàran-teagaisg a' toirt chothroman dhan luchd-ionnsachaidh an t-ionnsachadh aca fhèin a phlanadh is a phearsantachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha sgiobannan nan clàran-teagaisg a' filleadh a-steach gnìomhachdan a bhrosnaicheas co-ionannachd is iomadachd?</li> <li>• Dè cho math 's a tha sgiobannan nan clàran-teagaisg a' dèanamh cinnteach gun tog gach neach-ionnsachaidh eòlas is sgilean iomchaidh aig an ìre cheart?</li> <li>• Dè cho math 's a tha sgiobannan nan clàran-teagaisg a' filleadh a-steach beachdan an luchd-ionnsachaidh ann am planadh is leasachadh a' chlàir-theagaisg?</li> <li>• Dè cho math 's a tha sgiobannan nan clàran-teagaisg a' planadh libhrigeadh sgilean ionnsachaidh, beatha 's obrach a dh'fhàgas an luchd-ionnsachaidh nas soirbheachail san fharsaingeachd?</li> <li>• Dè cho math 's a tha sgiobannan nan clàran-teagaisg a' toirt seachad cothroman dhan luchd-ionnsachaidh airson sgilean a leasachadh ceum air cheum agus an ullachadh airson adhartas?</li> <li>• Dè cho math 's a tha sgiobannan nan clàran-teagaisg a' solar puingeann a-steach/a-mach iomchaidh a fhreagras air feum an luchd-ionnsachaidh?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha sgiobannan nan clàran-teagaisg a' dèanamh cinnteach gun leasaich greisean-gnìomhachais is cothroman airson eòlas obrach na sgilean a dh'fheumar airson fastachd?</li> <li>• Dè an ìre chun a bheil sgiobannan nan clàran-teagaisg a' brosnachadh is a' leabachadh sgilean stiùireadh dreuchd am broinn a' chlàir-theagaisg?</li> </ul>

<p><b>Ùrlaran:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Ionnsachadh is com-pàirteachadh</b></li> <li>• <b>Teagasg</b></li> <li>• <b>Measadh</b></li> <li>• <b>Luachadh na h-àrainneachd ionnsachaidh</b></li> </ul>		<p>Tha an taisbeanair seo a' cur fòcas air dè an ìre chun a bheil an luchd-ionnsachaidh a' gabhail com-pàirt ann an gnìomhachdan ionnsachaidh. Tha e a' comharradh mar a fhreagras dòighean teagaisg ri feumalachdan ionnsachaidh agus a' bhuidh a tha aig goireasan, a' gabhail a-staigh teicneolas digiteach, air an ionnsachadh. Tha e a' luachadh cleachdadh de dhòighean measaidh agus com-pàirteachas an luchd-ionnsachaidh is luchd-ùidhe ann am planadh is luachadh an ionnsachaidh. Tha e a' gabhail a-staigh dè cho math 's a tha an luchd-obrach a' cnuasachadh dòighean a chuireas ri gnàthachadh nas fheàrr.</p>
<p><b>Earrann 2: Lìbhrieadh ionnsachaidh is sheirbheisean gus taic a chumail ri ionnsachadh</b></p>	<p><b>Ùrlaran</b></p>	<p><b>Ceistean dùbhlain</b></p>
<p><b>2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh</b></p>	<p>Ionnsachadh is com-pàirteachadh</p> <p>Teagasg</p> <p>Measadh</p> <p>Luachadh na h-àrainneachd ionnsachaidh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè an ìre chun a bheil an luchd-ionnsachaidh air am brosnachadh is a' gabhail pàirt ann an leasachadh an ionnsachaidh aca fhèin?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-ionnsachaidh a' cur gu feum goireasan is acainnean de chàileachd àrd, a' gabhail a-staigh teicneolas digiteach?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-ionnsachaidh a' leasachadh nan sgilean a dh'fheumas iad airson deagh cheann-uidhe a ruigsinn is a thoirt gu buil?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-ionnsachaidh a' toirt buaidh air an ionnsachadh aca fhèin is a' suidheachadh amasan airson leasachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-obrach a' cleachdadh dòighean teagaisg a fhreagras ri feumalachdan ionnsachaidh gach oileanach fa leth?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha an luchd-obrach a' cleachdadh ro-innleachdan ceasnachail a chuireas ris an àrainneachd ionnsachaidh agus a bhrosnaicheas barrachd ionnsachaidh?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha an luchd-obrach a' cleachdadh raon iomchaidh de ghoireasan, a' gabhail a-staigh teicneolas digiteach, airson taic a chumail ri ionnsachadh is teagasg agus a leasachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha na dòighean measaidh a' freagairt ri feumalachdan gach neach-ionnsachaidh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-obrach a' cleachdadh measadh sìor-leantainneach agus measadh deireadh aonaid airson ionnsachadh a bhrosnachadh is coileanadh a dhearbhadh?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha an luchd-obrach a' cleachdadh fiosrachadh air dèanadas an luchd-ionnsachaidh gus taic a chumail ri leasachadh an luchd-ionnsachaidh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-obrach a' toirt com-pàirt do riochdairean luchd-ionnsachaidh agus luchd-ùidhe ann an luachadh na h-àrainneachd ionnsachaidh agus planadh an leasachaidh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-obrach a' cnuasachadh dòighean ionnsachaidh is teagaisg a chuireas ri leasachadh na h-àrainneachd ionnsachaidh?</li> </ul>

<p><b>Ùrlaran:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Stiùireadh sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh</b></li> <li>• <b>Seirbheisean a chuireas ri coileanadh, buileachadh is adhartas</b></li> <li>• <b>Seirbheisean a chuireas ri adhartas a dh'ionnsaigh deagh cheann-uidhe</b></li> </ul>		<p>Tha an taisbeanair seo co-cheangailte ri solar nan seirbheisean taice. Tha e a' gabhail a-staigh fiosrachadh a bheirear do thagraichean agus seirbheisean a thathar a' libhrigeadh a dhèanamh cinnteach gum faigh an luchd-ionnsachaidh buannachd an cois rianan taice iomchaidh a nì cinnteach gun lean iad ris a' phrògram is gun soirbhich iad. Tha rianan dhan luchd-obrach na bhroinn cuideachd airson cnuasachadh air na dòighean seo is mar a chleachdas iad beachdan an luchd-ionnsachaidh airson an t-solair a leasachadh. Tha e a' gabhail a-staigh rianan obrachaidh le com-pàirtichean air an taobh a-muigh agus cleachdadh de mhaoin airson seirbheisean a libhrigeadh.</p>
<p><b>Earrann 2: Libhrigeadh ionnsachaidh is sheirbheisean gus taic a chumail ri ionnsachadh</b></p>	<p><b>Ùrlaran</b></p>	<p><b>Ceistean dùbhlain</b></p>
<p><b>2.4 Seirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh</b></p>	<p>Stiùireadh sheirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh</p> <p>Seirbheisean a chuireas ri coileanadh, buileachadh is adhartas</p> <p>Seirbheisean a chuireas ri adhartas a dh'ionnsaigh deagh cheann-uidhe</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha na rianan airson fiosrachadh, comhairle is taic a chumail ris an luchd-ionnsachaidh làithreach, agus feadhainn a dh'fhaodadh a bhith nan luchd-ionnsachaidh, ach an urrainn dhaibh co-dhùnaidhean fiosrachail a dhèanamh mun ionnsachadh aca?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha na rianan airson feumalachdan gach neach-ionnsachaidh fa leth aithneachadh airson taic ionnsachaidh a thoirt seachad?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha na rianan airson toirt seachad maoin a chumas taic ri ionnsachadh?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha na rianan dhan luchd-ionnsachaidh airson an t-adhartas aca a chnuasachadh is a dheasbad leis an luchd-obrach?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-obrach a' cruinneachadh is a' cleachdadh beachdan an luchd-ionnsachaidh is an luchd-ùidhe airson càileachd nan seirbheisean a chumas taic ri ionnsachadh a leasachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-obrach ag obair le buidhnean air an taobh a-muigh airson cothrom a thoirt dhan luchd-ionnsachaidh seirbheisean a bharrachd inntrigeadh a chumas taic ri ionnsachadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-obrach a' toirt com-pàirt do riochdairean luchd-ionnsachaidh agus luchd-ùidhe ann an luachadh nan seirbheisean taice airson leasachadh a phlanadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-obrach a' cur taic ris an luchd-ionnsachaidh ach an ruig iad deagh cheann-uidhe?</li> </ul>

<b>Ùrlaran:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Planadh is libhrigeadh co-obrachail</b></li> <li>• <b>Rianan a chumas taic ri luchd-ionnsachaidh</b></li> </ul>		<p>Tha an taisbeanair seo a' cur fòcas air rianan eadar-ghluasaid agus a' chobhair is taic a bheir iad dhan luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' dèanamh taghadh fiosrachail. Tha e a' comharradh dè cho cudromach 's a tha com-pàirteachasan agus dè cho math 's a tha an taic a bheir iad dhan luchd-ionnsachaidh a thig a-steach do phrògraman colaiste no feadhainn a thèid air adhart an dèidh na colaiste.</p>
<b>Earrann 2: Libhrigeadh ionnsachaidh is sheirbheisean gus taic a chumail ri ionnsachadh</b>	<b>Ùrlaran</b>	<b>Ceistean dùbhlain</b>
<b>2.5 Eadar-ghluasadan</b>	<p>Planadh is libhrigeadh co-obrachail</p> <p>Rianan a chumas taic ri luchd-ionnsachaidh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-obrach ag obair còmhla ri com-pàirtichean air an taobh a-muigh a dhèanamh cinnteach gum bi rianan ann airson eadar-ghluasaid iomchaidh a-steach do phrògraman na colaiste agus a-mach asta?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha an taic a gheibh an luchd-ionnsachaidh ach an urrainn dhaibh taghadh fiosrachail a dhèanamh mun ath-cheum san ionnsachadh no fastadh aca?</li> </ul>

<b>Ùrlaran:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Rianan co-obrachail</b></li> <li>• <b>Freagairteachd do dh'fheumalachdan an luchd-ùidhe air an taobh a-muigh</b></li> </ul>		<p>Tha an taisbeanair seo a' sgrùdadh dè cho math 's a tha a' cholaiste a' cur ri prìomhachasan ionadail is roinneil. Tha seo a' gabhail a-staigh com-pàirteachadh le fastaichean ach an urrainn dhaibh an luchd-obrach sgileil a tha a dhìth a sholar. Tha seo a' gabhail a-staigh com-pàirteachasan obrachaidh le prìomh luchd-ùidhe agus mar a chuireas na com-pàirtichean seo ri lèirmheasadh is luachadh solar na colaiste airson leasachadh a thoirt gu buil.</p>
<b>Earrann 2: Libhrigeadh ionnsachaidh is sheirbheisean gus taic a chumail ri ionnsachadh</b>	<b>Ùrlaran</b>	<b>Ceistean dùbhlain</b>
<b>2.6 Com-pàirteachasan</b>	<p>Rianan co-obrachail</p> <p>Freagairteachd do dh'fheumalachdan an luchd-ùidhe air an taobh a-muigh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-obrach ag obair còmhla ri com-pàirtichean airson builean an luchd-ionnsachaidh a leasachadh?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha an luchd-obrach ag obair còmhla ri prìomh chom-pàirtichean gus prìomhachasan na coimhearsnachd is na roinn-dùthcha a choileanadh?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-obrach a' dol an com-pàirteachadh le fastaichean airson feumalachdan a' ghnìomhachais a choileanadh?</li> </ul>



# Earrann 3

## Builean is buaidh

### **DÈ CHO MATH 'S A THA SINN A' CINNTEACHADH NAM BUILEAN AS FHEÀRR DHAN LUCHD-IONNSACHAIDH AIR FAD AGAINN?**

- 3.1 Math, co-ionannachd is ion-ghabhaltas
- 3.2 Cothromas, buileachadh is coileanadh do gach neach-ionnsachaidh

<b>Ùrlaran:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Dleastanasan reachdail</b></li> <li>• <b>Ion-ghabhaltas agus co-ionannachd</b></li> </ul>		Tha an taisbeanair seo a' comharradh dè cho math 's a tha a' cholaiste a' gèilleadh ris na laghan co-ionannachd agus mar a tha rianan ion-ghabhaltais agus co-ionannachd a' cur feabhas air builean mu choinneamh an luchd-ionnsachaidh is an luchd-ùidhe. Tha anailis dàta a' sealltainn builean nas fheàrr am measg luchd-ionnsachaidh is buidhnean aig a bheil cnapan-starra ionnsachaidh nan rathad. Tha gnìomhachdan a' sealltainn gu bheil feallsanachd ro-ghnìomhach an sàs a tha measail air cultar agus ethos ion-ghabhaltach.
<b>Earrann 3: Builean is buaidh</b>	<b>Ùrlaran</b>	<b>Ceistean dùbhlain</b>
<b>3.1 Math, co-ionannachd is ion-ghabhaltas</b>	Dleastanasan reachdail  Ion-ghabhaltas agus co-ionannachd	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè cho math 's a tha a' cholaiste a' toirt feart dha na laghan co-ionannachd?</li> <li>• Dè an ìre chun a bheil rianan ion-ghabhaltais agus co-ionannachd a' dèanamh inntrigeadh nas fhasa agus a' leasachadh buileachadh am measg buidhnean is daoine fa leth aig a bheil cnapan-starra ionnsachaidh nan rathad?</li> <li>• Dè cho èifeachdach 's a tha an luchd-obrach is an luchd-ionnsachaidh a' brosnachadh is a' comharradh iomadachd agus taic do chultar is ethos ion-ghabhaltachd?</li> </ul>

<b>Ùrlaran:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Soirbheas luchd-ionnsachaidh thar ùine</b></li> <li>• <b>Sgilean riatanach, a' gabhail a-staigh sgilean beatha 's obrach</b></li> <li>• <b>Cothromas dhan luchd-ionnsachaidh</b></li> </ul>		Tha an taisbeanair seo a' comharradh soirbheas an luchd-ionnsachaidh. Tha e a' gabhail a-staigh anailis de bhuilean phrògraman thar ùine. Tha e ag aithris builean air feadh gach buidheann luchd-ionnsachaidh. Tha e a' comharradh dè am piseach a tha a' tighinn air an luchd-ionnsachaidh agus an leasachadh a tha a' tighinn air na sgilean riatanach aca. Tha e ag innse dè a' bhuidheann a tha aig dàta airson dèanadas a leasachadh.
<b>Earrann 3: Builean is buaidh</b>	<b>Ùrlaran</b>	<b>Ceistean dùbhlain</b>
<b>3.2 Cothromas, buileachadh is coileanadh do gach neach-ionnsachaidh</b>	Soirbheas luchd-ionnsachaidh thar ùine  Sgilean riatanach, a' gabhail a-staigh sgilean beatha 's obrach Cothromas dhan luchd-ionnsachaidh	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-ionnsachaidh a' ruigsinn is a' cumail ìrean àrd de ghèidheadh, coileanadh is adhartas?</li> <li>• Dè cho math 's a tha an luchd-ionnsachaidh a' togail sgilean riatanach a chuireas an t-ionnsachadh aca air adhart?</li> <li>• Dè cho math 's a tha a' cholaiste a' cinnteachadh cothromas soirbheis is coileanadh do gach neach-ionnsachaidh?</li> </ul>

# BONN-NÒTA

Tha taisbeanairean càileachd na colaiste air am mapadh ris na 5 prìomh-eileamaidean aig *Frèam-obrach com-pàirteachadh oileanach airson Alba*. 'S iad:

- 1 Tha na h-oileanaich a' faireachdainn gu bheil iad mar phàirt de bhuidheann taiceil
- 2 Tha na h-oileanaich a' gabhail com-pàirt san ionnsachadh aca fhèin
- 3 Tha na h-oileanaich ag obair còmhla ris a' bhuidheann aca 's iad a' stiùireadh dè an taobh dhan tèid an t-ionnsachadh
- 4 Gleusan foirmeil airson càileachd is riaghlachas
- 5 A' toirt buaidh air àrainneachd nan oileanach aig ìre nàiseanta

## Earrann 5

### Comharran-coileanaidh

Tha *Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn?* ag iarraidh air colaistean comharra-coileanaidh a lorg mu choinneamh trì dhe na prionnsabalan àrd. 'S iad -

**Ceannardas is cultar de chàileachd:** *Dè cho math 's a tha an ceannardas is dòigh-dhèiligidh againn mu choinneamh leasachaidh?*

**Ìbhriogachd trànanadh is sheirbheisean gus taic a chumail ri ionnsachadh:** *Dè cho mhath 's a tha solar is na seirbheisean a tha sinn a' ìbhriogachd?*

**Builean is buaidh:** *Dè cho math 's a tha sinn a' cinnteachadh nam builean as fheàrr dhan luchd-ionnsachaidh air fad againn?*

Chan fheum na colaistean comharra-coileanaidh a lorg mu choinneamh **comas leasachaidh**. Thathar ag iarraidh air na colaistean aithris taice a thoirt seachad, stèidhichte air na lorg iad a thaobh nan trì prionnsabalan àrda eile, a shealltainn dè ghabhas a leasachadh.

**Chan eilear an dùil is chan eil e riatanach do cholaistean comharran dèanadais fa leth a thoirt seachad dha QIs no ùrlaran fa leth.**

Nuair a bhios na colaistean a' dearbhadh nan comharran-coileanaidh mu choinneamh nan trì prionnsabalan àrda, bu chòir dhaibh an stiùireadh a leanas a leantainn -

Tha **sàr-mhath** mar luach a' ciallachadh gu bheil a' phàirt seo de dh'obair na colaiste air leth agus na shàr-ghnàthas a tha airidh air sgaoileadh. Tha àrainneachd is coileanadh gach neach-ionnsachaidh aig ìre càileachd àrd. Tha fìor-mhath mar luach a' ciallachadh ìre air leth de sholar a tha na shàr-ghnàthas, stèidhichte air cothromas is ion-ghabhaltas soirbheachail agus tuigse phroifeiseanta dhomhain a thathar a' co-roinneadh le càch taobh a-muigh na colaiste airson taic a chumail ri leasachadh an t-siostaim. Tha e a' filleadh a-steach gu bheil ìrean glè àrd an dèanadais so-sheasmhach agus gun glèidhear iad.

Tha **glè mhath** mar luach a' ciallachadh gu bheil neartan mòra sa phàirt seo de dh'obair na colaiste. Chan eil ann ach grunnan de raointean a tha feumach air leasachadh agus chan eil na th' ann dhiubh a' milleadh àrainneachd an luchd-ionnsachaidh gu ìre mhòr. Tha glè mhath mar luach a' nochdadh ìre àrd de sholar do gach neach-ionnsachaidh agus bu chòir do gach colaiste a bhith comasach air an ìre seo a ruigsinn. Thathar an dùil gun sìor-chleachd a' cholaiste am fèin-luachadh airson leasachadh a bharrachd a phlanadh agus gun obraich iad air leasachadh an t-solair is an dèanadais chun na h-ìre fhìor-mhath.

Tha **math** mar luach a' ciallachadh gu bheil neartan cudromach ann an obair na colaiste ach gu bheil rudan ann a tha feumach air leasachadh. Tha deagh-bhuaidh nach beag aig na neartan seo air cha mhòr gach neach-ionnsachaidh. Thathar a' milleadh càileachd àrainneachd an luchd-ionnsachaidh ann an cuid a dhòighean agus tha iad sin feumach air leasachadh. Tha e fillte a-staigh gum bu chòir dhan cholaiste na neartan cudromach aca a shìor-leasachadh agus gum bu chòir dhi ionnsaigh a thoirt air na raointean a tha ri leasachadh.

Tha **riarachail** mar luach a' ciallachadh gu bheil na neartan aig colaiste sa phàirt seo dhen obair aca dìreach nas motha na na laigsean. Tha e a' sealltainn gu bheil inntigeachd do dh'ìre bhunasach de sholar aig an luchd-ionnsachaidh. Tha seo na ìre far a bheil deagh-bhuaidh aig na neartan air àrainneachd an luchd-ionnsachaidh. Ged nach eil na laigsean mòr gu leòr airson milleadh mòr a dhèanamh, tha iad a' lùghdachadh càileachd àrainneachd an luchd-ionnsachaidh. Feumaidh a' cholaiste ionnsaigh a thoirt air na laigsean seo le bhith a' cur ris na neartan aice.

Tha **lag** mar luach a' ciallachadh bheil laigsean cudromach sa phàirt seo de dh'obair na colaiste. Ged a tha cuid a neartan ann ma dh'fhaoidte tha na laigsean, leotha fhèin no còmhla, cho mòr 's gu bheil iad a' dèanamh milleadh nach beag air àrainneachd an luchd-ionnsachaidh. Tha e fillte a-staigh gum feum a' cholaiste plana structaraichte a dhèanamh is a chur an sàs gu luath.

Tha **mì-riarachail** mar luach a' ciallachadh gu bheil laigsean mòra sa phàirt seo de dh'obair na colaiste a tha feumach air gnìomh sa bhad. Tha àrainneachd an luchd-ionnsachaidh ann an cunnart mòr. Mar is trice, bidh feum air taic o àrd-mhanaidsearan ann am planadh is gnìomhachadh nan rudan a leasaicheas na laigsean seo. Bidh feum cuideachd, mar is trice, air obrachadh ri taobh buidhnean no luchd-obrach ann an colaistean eile as urrainn dhaibh taic a chumail.

## Eàrr-ràdh 1: Briathrachan nam faclan

**Am broinn an fhoillseachaidh seo, tha na briathran a chleachd sinn a' ciallachadh na leanas:**

**Coileanadh:** tha seo a' ciallachadh na sgilean is buadhan uile gu lèir a tha leabaichte sna ceithir comasan a' Churraicealaim airson Sàr-mhaitheis agus a thèid a leasachadh air feadh a' chlàir-theagaisg sa cholaiste agus tro ionnsachadh ann an suidheachaidhean eile.

**Buileachadh:** tha seo a' ciallachadh adhartas a ghabhas measadh 's a nì an luchd-ionnsachaidh fhad 's a thèid iad tron cholaiste agus às a dèidh. Tha an t-adhartas seo mu choinneamh raointean a' clàir-theagaisg agus leasachadh sgilean ionnsachaidh, beatha 's obrach.

**Ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd (CLPL):** tha seo na phròiseas leantainneach anns a bheil an luchd-teagaisg a' gabhail uallach airson an cuid ionnsachaidh is leasachaidh fhèin agus tha an neo-eisimeileachd phroifeiseanta nas motha seo a' toirt comas dhaibh fàilte a chur air atharrachadh agus feumalachdan an luchd-ionnsachaidh a fhreagairt nas fheàrr.

**Dìon cloinne:** seo an dìon a gheibh neach-ionnsachaidh o mhì-ghnàthachadh no dearmad. Chan fheum am mì-ghnàthachadh no dearmad a bhith air tachairt; tha gu leòr ma rinneadh measadh chunnartan is ma chunnacas gu bheil teans no cunnart mì-ghnàthachaidh no dearmaid ann a dhèanadh cron nach beag.

**Teicneolas digiteach:** seo facal a tha a' ciallachadh na h-aplacaidean, seirbheisean is goireasan digiteach a thathar a' cleachdadh airson fiosrachadh a lorg, a sgrùdadh, a chruthachadh, a chonaltradh is a chleachdadh ann an co-theacsa digiteach.

**Co-ionannachd:** tha seo a' ciallachadh toirt air falbh de chnapan-starra is a' toirt barrachd chothroman dhan fheadhainn aig a bheil inntrigeadh cuingichte. Ma tha co-ionannachd gu domhain an sàs sna gnàthan, cha bhi leth-bhreith ann a tha stèidhichte air claon-bhreith.

**Cothromas:** tha seo a' ciallachadh gun dèiligear ri daoine gu cothromach ach chan eil seo a' ciallachadh gun dèiligear ri gach duine air an aon dòigh. Tha cothromas ann am foghlam a' ciallachadh nach bi feartan pearsanta no sòisealta mar ghnè, cinneadh no seòrsa an teaghlach nan cnapan-starra ro shoirbheas ann am foghlam agus gum faigh a h-uile duine òg againn deagh thaic ach an lorg iad maitheas, sgilean ionnsachaidh, beatha 's obrach agus an ceann-uidhe as fheàrr a ghabhas an dèidh na colaiste.

**Sgilean riatanach:** tha iad seo a' gabhail a-staigh sgilean pearsanta is ionnsachaidh; sgilean litearrachd, àireamhachas is conaltradh; fuasgladh dhuilgheadasan is co-obrachadh le daoine eile; sgilean teicneolas fiosrachaidh agus sgilean so-fhastachd is stiùireadh dreuchd.

**Ion-ghabhaltas:** tha seo a' ciallachadh gnìomhan is eadraiginn a chum cothrom coileanaidh a thoirt dhan a h-uile duine le bhith a' togail is a' coileanadh comasan gach neach-ionnsachaidh.

**Aisneis Margaid na h-Obrach (LMI):** tha seo a' gabhail a-staigh an dà chuid fiosrachadh mu mhargaid na h-obrach (dàta tuairisgeulach mar stadastaireachd no toraidhean suirbhidh) agus aisneis mu mhargaid na h-obrach (anailis, mìneachadh, co-dhùnaidhean is molaidhean poileasaidh).

**Buidhnean luchd-ionnsachaidh:** tha iad seo a' gabhail a-staigh luchd-ionnsachaidh làn-ùine, pàirt-ùine, FE, HE, aois 16-18, gnè, cinneadh, ciorramachdan, feadhainn a bha ann an cùram no fo ana-cothrom.

**Làr-ionad Leasachaidh Nàiseanta (NIH)** – an goireas digiteach co-fhillte aig Foghlam Alba a tha a' toirt cruinn rainse mhòr de dh'fhrèaman-obrach fèin-luachaidh is innealan com-pàirteachaidh. Tha an NIH a' cur teicneolas digiteach gu làn-fheum airson co-obrachadh nàiseanta agus co-mhalairt eòlais air feadh an t-siostaim a bhrosnachadh airson obrachadh com-pàirteachais is leasachadh stèidhichte air fianais air feadh an t-siostaim a neartachadh.

**Com-pàirtichean:** tha iad seo a' gabhail a-staigh gach neach no buidheann a libhrigeas ionnsachadh is a chuireas ri beatha 's obair na colaiste. Gabhaidh iad a-staigh sgoiltean, riochdairean ùghdarrasan ionadail, oilthighean, fastaichean, an treas roinn agus coimhearsnachdan.

**Barantachadh:** tha seo a' dol seachad air dìon cloinne agus tha e a' ciallachadh brosnachadh math an luchd-ionnsachaidh. Tha e a' gabhail a-steach: a' dìon luchd-ionnsachaidh o dhroch-dhìol; a' cur stad air bacadh slàinte no leasachadh neach-ionnsachaidh ro làimh; a' dèanamh cinnteach gum fàs mòr ann an suidheachadh far am faigh iad cùram sàbhailte agus èifeachdach agus a' dèanamh cinnteach gum faigh gach duine-cloinne is duine òg a' bhuil as fheàrr. Tha dìon cloinne na phàirt dhen deifinisean seo agus tha e a' ciallachadh na rudan a nithear gus clann a chumail o fhulang cron nach beag.

**Sgilean airson ionnsachadh:** tha iad seo a' gabhail a-staigh litearrachd, àireamhachas, sgilean digiteach agus leasachadh sgilean cruthachail.

**Sgilean airson beatha:** tha iad seo a' gabhail a-staigh slàinte phearsanta, math agus sgilean saoranachd.

**Sgilean airson obair:** tha iad seo a' gabhail a-staigh sgilean airson fastachd, a' gabhail a-staigh stiùireadh dreuchd, tionnsgain agus sgilean sireadh obrach.

**Luchd-ùidhe:** sin a h-uile duine a tha fo bhuidhe obair is beatha na colaiste.

**Dleastanasan reachdail:** sin na riatanasan laghail a dh'fheumas a' cholaiste gèilleadh riutha.

**Eadar-ghluasad:** sin na h-amannan nuair a bhios turas ionnsachadh cloinne is dhaoine òga ag atharrachadh. Faodaidh buaidh mhòr a bhith aig eadar-ghluasad air luchd-ionnsachaidh, oir mar is trice gabhaidh seo a-staigh daoine ùra, àrainneachdan ionnsachaidh ùra agus suidheachaidhean ùra. Nì gach duine-cloinne agus duine òg eadar-ghluasad nuair a thòisicheas iad air an sgoil, nuair a bhios iad san sgoil agus an dèidh àm na sgoile.

**Foghlam Alba**

Taigh Denholm  
Almondvale Business Park  
Almondvale Way  
Baile Lèibhinn EH54 6GA

**F** +44 (0)131 244 4330  
**P** enquiries@educationscotland.gov.uk

[www.educationscotland.gov.uk](http://www.educationscotland.gov.uk)

© Còir-lethbhreac a' Chrùin, 2016

'S urrainn dhut am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach na dealbhan is suaicheantasan) saor 's an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo Cheadachas an Riaghaltais Fhosgailte fhad 's a thèid ath-chleachdadh gun mhearachd agus chan ann air dòigh mheallta. Feumaidh tiotal na sgrìobhainne a nochdadh agus gu bheil a' chòir-lethbhreac aig Foghlam Alba.

Tadhail air an làrach a leanas a dh'fhaicinn a' cheadachais  
<http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu:  
[psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk)

Ma leig sinn ris gu bheil còir-lethbhreac aig treas-phàrtaidh sam bith, feumaidh tu cead fhaighinn on fheadhainn aig a bheil a' chòir-lethbhreac.